



## Tiotal: Co-ionannachd, Feimineachas agus Sàrachadh Feiseil

### Pàirt 2: Sàrachadh Feiseil

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

#### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus a bhith air a chleachdad gu deimhinneach cho math ri àicheil. HWB 4-45a</p> <p>Tha mi a' beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideasan, luachan is moraltachd buaidh air mo cho-dhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 4-46a</p> <p>Tha fios agam mar a gheibh mi seirbheisean, fiosrachadh agus taic ma bhios mo shlàinte agus mo shunnd ghnèitheasach ann an cunnart. Tha mi mothachail air mo chòraichean a thaobh slàinte ghnèitheasach, a' gabhail a-steach mo chóir air diomhaireachd, agus air mo dhleastanasan, a' gabhail a-steach dhleastanasan fon lagh. HWB 4-48a</p> <p>Tha fios agam far am faighear taic agus cuideachadh le suidheachaidhean sa bheil droch-dhìol, agus tha mi a' tuigsinn gu bheil laghan ann a tha gam dhòn bho dhiofar sheòrsachean droch-dhìol. HWB 4-49b</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>A' dèanamh sgaradh eadar mì-chothromachd agus mi-chleachdad gu deimhinneach cho math ri àicheil. HWB 4-45a</li><li>Ag innse far am faighear comhairle, stiùireadh agus taic gu h-ionadail agus gu nàiseanta.</li><li>A' sealltainn tuigse dhen taic a tha ri fhaighinn agus reachdas làithreach co-cheangailte ri diofar sheòraichean de dhroch dhìol, mar eisimpleir, lotadh gineamhainn bhoireannach, droch-dhìol san dachaigh, grumadh, dubh-shaothrachadh feiseil chloinne.</li></ul>

Chì sinn cuideachd gu bheil na h-Eòlasan agus na Builean gu h-ìosal freagarrach dhan obair seo; tha iad a' suidhe ann an raon **Sunnd Inntinneil, Faireachail, Sòisealta agus Corporra** an taobh a-staigh de Slàinte is Sunnd. Bhon a tha iad fo dhleastanas nan uile, chan eil Slatan-tomhais co-cheangailte riutha.

- Nuar a tha mi a' rannsachadh nan còraichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còraichean sin a chur an gniomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spès do chòraichean dhaoine eile. HWB 4-09a
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhèin de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhearsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 4-10a

#### Amasan ionnsachaidh

- Gun tuig daoin' òga gu bheil cumhachd an taobh a-staigh do dhàimhean.
- Gun smaoinich daoin' òga na tha mì-chothromachd cumhachd ann an dàimhean a' ciallachadh bho thaobh chòraichean gnèitheasach.
- Gum minich daoin' òga na tha co-ionannachd gnè agus feimineachas a' ciallachadh dhaibhsan.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na tha co-ionannachd a thaobh gnèitheachas agus feimineachas a' ciallachachadh dhòmhsha.

- Tha mi a' leasachadh sgilean agus misneachd gus seasamh an aghaidh neo-ionannachd agus mì-chleachdadhe cumhachd.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Cairtean suidheachaidh
- White Ribbon Scotland <http://www.whiteribbonscotland.org.uk/>

**NÒTA:** Tha an leasan seo a' dèanamh sgrùdadhe air **sàrachadh feiseil**. Tha sin a' ciallachadh gum bi na daoin' òga a' bruidhinn air suidheachaidhean a dh'fhaodadh buntainn ri suidheachaidhean san àrainn teagaisg agaibhse – 's dòcha gum bi neach òg no neach-teagaisg ann a dh'fhuiling sàrachadh feiseil a bharrachd air cuideigin a tha air iad fhèin a ghiùlain san dòigh seo ri daoine eile. Tha an leasan a' tort taic do dhaoin' òga gus fhaicinn mar as urrainn do sgoil a bhith na àite a tha strì an aghaidh no a tha saor bho shàrachadh feiseil – tha cothrom ann an uair sin gus beachdan nan daoin' òga air làimhseachadh sàrachadh feiseil a sgaoileadh chun na sgioba Manaidsidh agus Stiùiridh san àrainn agaibhse. Mar thidsear/neach-foghlaim smaoinich air mar a nì thu seo ron t-seisean.

### Obair

1. Tòisich an leasan mar a leanas: San t-seisean seo tha sinn a' leantainn oirnn a' coimhead air còraichean gnèitheasach agus air sàrachadh feiseil. 'S dòcha gum bi eòlas pearsanta aig cuid de na daoin' òga air feadhainn de na rudan air am bithear a' bruidhinn an-diugh. Mar sin tha dà rud ri chumail nar cuimhne. An toiseach, chan eil cuideam air neach sam bith bruidhinn mu ghnothaichean pearsanta sa chlas seo, tha na tha priobhaideach priobhaideach, ach ma tha eisimpleirean aig neach sam bith a tha iad deònach bruidhinn air, tha sin ceart gu leòr. San dàrna àite, ma tha a bhith a' bruidhinn air sàrachadh feiseil a' cuideachadh neach sam bith a' tuigsinn gu bheil sin a' tachairt dhaibhsan, bidh ùine aig deireadh an t-seisein gus innse càit agus ciamar a gheibh iad cuideachadh.
2. Seall an slaighd/a' cheist: **Dè th' ann an sàrachadh feiseil?** larr beachdan air na daoin' òga. Ma tha proimtichean a dhìth can riutha smaoineachadh air rudan a dh'fhaodadh neach a *dhèanamh* no a *ràdh* a dh'fhaodadh a bhith air fhaicinn na shàrachadh feiseil. An uair sin seall na 5 slaighdean air a bheil mìneachadh de gach teirm, bruidhnibh air gach slaighd mu seach, aidich far a bheil e ag aontachadh ri no a' cur ri na thuirt na daoin' òga.
  - **Tha sàrachadh feiseil a' ciallachadh** giùlan feiseil gun iarraidh a tha a' dèanamh cron air do spèis agus gad fhàgail a' faireachdaiann mìothlachd, nàrachadh, eagal no maoidheadh.
  - **Faodaidh sàrachadh feiseil a bhith** briathrail (cuideigin a' ràdh rudan), neo-briathrail (mar a tha cuideigin gan giùlan fhèin riut no a' coimhead ort) no fiosageach (neach a' suathadh annad ann an dòigh air choreigin). Faodaidh e bhith a' ciallachadh giùlan bho fhaclan tàireil gu fòirneart agus dochann.
  - **Faodaidh sàrachadh feiseil a bhith a' ciallachadh neach:**  
Ag ràdh rudan feiseil riut airson do ghoirteachadh no d' fhàgail a' faireachdaiann dona. A' faighneachd cheistean dhut no ag ràdh rudan mu do bheatha fheiseil.  
A' coimhead ort ann an dòigh a tha thusa a' faireachdaiann a tha feiseil.  
A' sealltainn rud feiseil no pòrnografach dhut ann an sgoil no ann an àit'-obrach.  
A' suathadh annad an aghaidh do thoil, me a' seasamh ro fhaisg ort no gad bhìdeadh.  
A' sealltainn am buill-gineamhainn (pàirtean priobhaideach) dhut an aghaidh do thoil.

- **Faodaidh sàrachadh feiseil a bhith** aghaidh ri aghaidh, neo-dhìreach no air-loidhne. Faodaidh sàrachadh feiseil a bhith a' gabhail a-steach a bhith ga do leantainn fad na h-ùine, droch-ionnsaigh dhrabasta agus èigneachadh. Tha e gu math cudromach cuimhneachadh gur e eucoir throm a th' annta leotha fhèin agus mar sin cha bu chòir am measadh mar shàrachadh feiseil.
- 'S e boireannaich as mothà a tha a' fulang sàrachadh feiseil, air an sàrachadh le fireannaich. Ach faodaidh fireannaich cuideachd a bhith air an sàrachadh le boireannaich. Faodaidh daoine leisbeach, gèidheach agus dà-sheòrsach cuideachd sàrachadh no buarraidheachd fhulang bho dhaoine de gach gnè.

3. Seall slaighd an eisimpleir: **Sàrachadh feiseil/eisimpleir.** Dè tha na daoin' òga a' smaoineachadh dhen eisimpleir seo? (Bho aithisg leis an YWCA) NÒTA: Tha tòrr teacsa air an t-slaighd, tha seo airson an sgeulachad gu lèir a shealltainn/a leughadh. Sgaoil an teacsa thairis air slaighdean ma bhios sin na chuideachadh dhan luchd-uionnsachaidh agad.
4. **Sàrachadh feiseil san sgoil:** Inns dhan chlas/bhudheann gu bheil fiosrachadh math againn mu shàrachadh feiseil ann an sgoiltean, oir tha an YWCA agus Girlguiding Scotland air faighneachd do dhaoine' òga mun seo. Gach bliadhna, bidh sgrùdadhbh bheachdan *Girlguiding's Girls* a' togail sampall de bheachdan nigheanan 's bhoireannaich òga air raon farsaing de chùisean. Seall an slaighd. Brosnaich còmhradh an dà chuid mun àireamh àrd de ghearainean agus an uair sin dè dh'haodadh a bhith air a mheasadh mar shàrachadh fesiel san sgoil. (Cuimhnich an deasbad a stiùireadh mar as fheàrr a dh'obraicheas e còmhla ris a' budheann agadsa, mar sin ann an aon budheann no buidhnean beaga le fios-air-ais).

**Tha còrr 's 90% de bhoireannaich òga ag ràdh gum bi sàrachadh feiseil a' tachairt san sgoil. Dè na seòrsaichean rudan a bhios a' tachairt san sgoil a dh'haodadh sinn a thuigsinn mar shàrachadh feiseil?**

5. **Suidheachaidhean:** Mìnich gu bheil cuid de shuidheachaidhean agad a dh'haodadh tachairt ann an sgoil. Ag obair ann an triùirean (faic am prop) iarr air na daoine' òga sùil a thoirt agus na ceistean a dheasbad. Ma chuidicheas e, leugh na ceistean a-mach ro-làimh gus aire a tharraing thuca. Às deidh beagan mhionaidean a' beachdachadh air suidheachadh, dèan suaip le buidheann eile gus am bi a h-uile duine air a h-uile gin a dheasbad 3. An ceann greis, tillibh air ais còmhla, a' cleachdad nam proimtichean a bh' agaibh airson nan suidheachaidhean, faigh beagan fios-air-ais, suidheachadh mu seach. Tarraing aire gu cuspairean coitcheann sam bith.
6. **Ag innse mu shàrachadh feiseil.** 'S dòcha gun èirich cùisean sa chòmhradh agaibh timcheall air a bhith ag innse mu shàrachadh feiseil. Faighnich a' cheist: **Mar sin, ma tha cuideigin a' fulang sàrachadh feiseil san sgoil carson nach innseadh iad mu dheidhinn?** Agus iarr beagan fios-air-ais. Mìnich gu bheil an rannsachadh le *Girlguiding Scotland* a' sealltainn adhbharan nach inns nigheanan mu shàrachadh feiseil (mar a tha sibh a' bruidhinn, 's dòcha gum bi thu airson meòracahdh air co-dhiù a tha na factaran seo a' bualadh air balach no air tidsear mar a chunna sinn anns na suidheachaidhean): Cleachd an slaighd/teacsa agus brosnaich còmhradh.
7. Ma tha e freagarrach dhan budheann agaibh, iarr air na daoine' òga obracadhbh ann an triùirean. Cuir a' cheist air an t-slaighd agus iarr orra beagan notaichean a dhèanamh airson fios air ais: **Dè bu chòir dhuinn a bhith a' dèanamh san sgoil seo gus dèiligeadh ri sàrachadh feiseil?** Mus tòisich iad,

mìnich gun toir thu na molaidhean aca air ais chun nan co-obraichean agad san sgioba Treòrachaidh /Pastoral care/Taic sgoilearan. An ceann greis, iarr fios air ais agus dèan nota air an Smartboard. (Beachdaich ro-làimh air mar a tha thu an dùil fios-air-ais fhaighinn bho cho-obraichean dha na daoine òga). Faisg air an deireadh dèan cinnteach gu bheil thu air prìomh phuingean nan daoin' òga a chlàradh.

8. Inns dhan chlas mu White Ribbon Scotland, iomairt gus taic a thoirt do fhireannaich gus nas urrainn dhaibh a dhèanamh gus dèiligeadh ri fòirneart an aghaidh bhoireannaich. Thoir sùil air feadhainn de na geallaidhean pearsanta an seo: <http://www.whiteribbonscotland.org.uk/>
9. Cuir crìoch le aideachadh air na chaith bruidhinn air san t-seisean seo. Crìochnaich leis an t-slaighd. **Ma tha thusa a' fulang sàrachadh feiseil....** Cuir an cuimhne nan daoin' òga gum faod iad bruidhinn riutsa, a bharrachd air co-obraiche eile a tha air aontachadh ro-làimh.

#### Beachdan eile

- Sgaoil na ceanglaichean YWCA agus Girlguiding research do dhaoin' òga aig a bheil ùidh airson tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh a-rithist.

#### Tha goireasan ionnsachaidd eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo content

- Co-ionannachd agus Feimineachas

#### Nòtaichean Tidseir

